



# Ar n-Adhbhar



## Tha trì amasan mar adhbhar dhuinn:



a bhith nar coimhearsnachd-ionnsachaidh altramach a dh'atharraicheas agus a shaoibhricheas beatha dhaoine



a bhith a' brosnachadh foghlam fad-beatha agus inntrigeadh coitcheann dhan fhoghlam



a bhith nar luchd-glèidhidh adhartach air an oighreachd àlainn eachdraidheil againn

Tha trì roinnean air an obair againn:



### Curraicealam:

Na cùrsaichean agus an àrainneachd a bhios sinn a' solar dhar n-oileanaich agus a' cruthachadh còmhla riutha.



### Coimhearsnachd is Cultar:

A' choimhearsnachd altramach de luchd-ionnsachaidh 's luchd-teagaisg a tha gar sònrachadh mar cholaiste, agus a' choimhearsnachd foghlam fad-beatha nas fharsainge dhe bheil sinn nar pàirt. An dualchas beairteach againn mar àite-ionnsachaidh is làrach eachdraidheil.



### Coimeirsealta:

An àrainneachd a bhios sinn a' cruthachadh 's a' solar dhar luchd-tadhail agus dhaibhsan a tha a' cleachdadh ar cuid sheirbhisean.

## A' cur fàilte air na ceanglaichean

'S e tha a' dèanamh na Colaiste sònraichte mar a bhios na trì roinnean seo ag obair còmhla agus an eisimeil a chèile. Tha gach taobh a' toirt buaidh air agus a' beartachadh an dà thaobh eile, agus soirbhichidh sinn tro bhith a' sireadh chothroman beartachaidh ùra.

